

Foirm-iarrtais Cosnaidh

Tapadh leibh airson cur a-steach airson na dreuchd seo. Am biodh sibh cho math am foirm seo a lìonadh a-steach, ann an Gàidhlig.

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gun tèid coimeas a dhèanamh eadar tagraichean ann an dòigh chothromach agus a rèir ar Poileasaidh airson Co-ionannachd Chothroman. Thèid feum a dhèanamh den fhiosrachadh a bheir sibh dhuinn san fhoirm seo gus co-dhùnadh a dhèanamh feuch cò na daoine a gheibh agallamh. Mar sin, tha e riatanach gun lìon sibh am foirm air fad a-steach agus gun seall sibh gu soilleir mar a tha sibh a' coileanadh gach slat-tomhais airson na dreuchd.

Cuiribh am Foirm-sgrùdaidh Co-ionannachd againn, air a lìonadh a-steach, an cois seo cuideachd, le ur toil.

1. FIOSRACHADH PEARSANTA (sgrìobhaibh freagairtean ann an litrichean mòra)

An dreuchd a thathar a' sireadh:		
Tìotal(an)	Cinneadh:	Ciad Ainm(ean):
Seòladh:	Àireamh Àrachais Nàiseanta:	
	Fòn an taighe:	
	Fòn-làimhe:	
Còd-puist:	Post-d:	
A bheil cead-dràibhidh agaibh? Tha/Chan eil* <i>(dubhaibh às an fhreagairt nach eil ceart)</i> A bheil cùis-lagha nur n-aghaidh nach tàinig fhathast gu crìch?		Nàiseantachd: A bheil cead agaibh obair san Rìoghachd Aonaichte? Tha/Chan eil* <i>*(Ma thèid ur fiathachadh gu agallamh, thèid iarraidh oirbh fianais a thoirt leibh a tha dearbhadh gu bheil cead agaibh obair san Rìoghachd Aonaichte).</i>

2. OBAIR A TH' AGAIBH AN-DRÀSTA AGUS OBRAICHEAN EILE A BH' AGAIBH

(Thoiribh dhuinn fiosrachadh iomlan air na prìomh obraichean a bh' agaibh. Tòisichibh leis an obair a th' agaibh an-dràsta, no an obair mu dheireadh a bh' agaibh, agus an uair sin air ais tro na h-obraichean eile a bh' agaibh. Thoiribh iomradh iomlan air obair sam bith a th' agaibh an-dràsta agus seallaibh mar a tha sibh freagarrach a thaobh nan slatan-tomhais a th' ann airson na dreuchd agus a thaobh an t-seòrsa neach a tha dhìth.

3. PRÌOMH CHOMASAN

Dè na sgilean sònraichte tha agad a fhreagras air an dreuchd seo mar a tha an Tuairisgeul Obrach ag iarraidh?

--

Cur-seachadan (Fiosrachadh mu chùisean anns a bheil ùidh agad is cur-seachadan)

--

4. COMASAN SA GHÀIDHLIG

Feumaidh sàr-sgilean labhairt is sgrìobhaidh a bhith agaibh ann an Gàidhlig airson na dreuchd seo.

A bheil sibh fileanta?

* cuiribh cearcall timcheall na freagairt a tha fìor dhuibhse.

--	--	--

5. FOGHLAM, TRÈANADH & TEISTEANASAN

(Thoiribh fiosrachadh dhuinn air gach cùrsa iomchaidh)

Cinn-latha	Seòladh an Ionaid	Dòigh Ionnsachaidh (pàirt-thìde, làn-thìde, Oilthigh Fosgailte msaa).	Cùrsaichean, Teisteanasan no Toraidhean (cuspairean, an ùine a bha sibh ag ionnsachadh, msaa.)

Faodaidh sibh tuilleadh a sgrìobhadh air duilleig eile ma dh'fheumas sibh

6. LUCHD-TEIST

Thoiribh dhuinn fiosrachadh airson dithis luchd-teist, agus bu chòir gur e aonan dhiubh am fastaiche a th' agaibh an-dràsta no am fastaiche mu dheireadh a bh' agaibh. Mura h-eil obair air a bhith agaibh no ma tha sibh air a bhith gun obair ùine mhòr,

thoiribh dhuinn ainm cuideigin a tha eòlach gu leòr oirbh gus dearbhadh gu bheil am fiosrachadh a thug sibh seachad ceart agus gun urrainn dhaibh beachd a thoirt air cho comasach 's a bhiodh sibh airson na h-obrach seo.

Chan fhaod sibh ainmean dhaoine ris a bheil sibh càirdeach a thoirt seachad. Dh'fhaodadh gun cuir sinn fios gu luchd-teist aig àm sam bith, agus bu chòir dhuibh comharrachadh gu h-ìosal, ma tha sibh ag iarraidh gun cuir sinn fios thugaibh mus bruidhinn sinn riutha. Cuimhnichibh, bidh sinn daonnan a' bruidhinn ri luchd-teist ma thèid tairgse ann an sgrìobhadh no labhairteach a thoirt dhuibh air an obair. Ma tha neach-teist agaibh air nach fhaigh sinn grèim ron agallamh, am biodh sibh cho math agus sin innse dhuinn.

	Neach-teist 1	Neach-teist 2
Ainm:		
Ainm an Dreuchd:		
Buidheann:		
Seòladh:		
Àireamh-fòn:		
Àireamh Facs:		
Seòladh Puist-d:		
An dàimh eadaraibh:		
Am bu chòir dhuinn fios a chur thugaibh mus bruidhinn sinn riutha?		

7. THOIRIBH FIOSRACHADH SAM BITH EILE DHUINN AN SEO A THA SIBH A' SMAOINEACHADH A BHIODH FREAGARRACH A THAOBH AN IARRTAIS AGAIBH

8. EILE

Clàr Eucoir	
An deach eucoir a dhearbhadh ort?	A bheil cùis-lagha ri tachairt?
Ma tha, thoir fios mu eucorachd dhearbhte ach a-mhàin dad a tha "seachad" fo riaghailtean Achd Ceartachaidh Chiontach 1974 (Rehabilitation of Offenders Act 1974):	
Cead Obrach	
A bheil feum agad air cead airson a bhith a' cosnadh ann am Breatainn?	
A bheil an cead sin agad?	

9. DEARBHADH

Mar phàirt den trusadh airson na dreuchd seo, dh'fhaodadh gun cruinnich sinn agus gun glèidh sinn dàta pearsanta is dìomhair mur deidhinn. Feumaidh sinn, fon lagh, ur cead fhaighinn gus an leithid a dhàta a chlàradh. Tha e mar phoileasaidh againn dàta co-cheangailte ri trusadh a chumail airson 6 mìosan às dèidh dhuinn am fiosrachadh fhaighinn. Thèid dèiligeadh ri fiosrachadh mar sin ann an dòigh gu tur dìomhair.

'S e a th' ann an dàta pearsanta is dìomhair, fiosrachadh a bhuineas ri gin de na nithean a leanas: freumhan cinneadail no cinneachail, roghainnean poilitigeach, creideamh, ballrachd ann an aonadh ciùird, slàinte, ur taobh gnèitheasach no ur beatha gnèitheasach, eucoirean agus/no ditidhean.

Tha mi a' dearbhadh gu bheil, cho fad 's tha fios agam, am fiosrachadh a thug mi seachad san fhoirm seo ceart agus tha mi a' gabhail ris gu bheil mi, le bhith cur m' ainm ris an fhoirm seo, a' toirt cead dhuibh fiosrachadh pearsanta is dìomhair mu mo dheidhinn a chlàradh is a stòradh.

Ainm-sgrìobhte:	Ceann-latha:
Ainm:	